



Tìotal: Coltachd, Iomadachd agus Spèis

Pàirt 4: Ciorramachd

Ìre: A' CHIAD

Ceanglan CfE

Eòlasan/Builean	Slatan-tomhais
Tha mi ag aithneachadh gu bheil sinn coltach agus aocoltach ri cach-a-chèile ach nach eil duine an aon rud ri duine eile. HWB1-47a	<ul style="list-style-type: none">• Ag aithneachadh gu bheil gach neach gun shamhail agus ag aithneachadh gu bheil sinn coltach agus aocoltach.• A' mìneachadh gu bheil fàs agus tighinn air adhart gach neach eadar-dhealaichte.

Tha na gnìomhan air goireas nàiseanta RSHP a' toirt stiùireadh a thaobh nan Eòlasan/Builean agus na Slatan-tomhais a tha a' buntainn ri RSHP ann an Slàinte is Sunnd. Faodaidh an tidsear/neach-foghlaim ceanglan a dhèanamh ri raointean curraicealaim eile. A thaobh a' ghnìomh seo tha ceanglan soilleir ann ri sunnd inntinneil, faireachail, sòisealta agus corpora. Mar sin tha na h-eòlasan agus na builean iomchaidh air an comharrachadh an seo:

- Nuair a tha mi a' rannsachadh nan còraichean air a bheil mi fhìn agus daoine eile airidh, 's urrainn dhomh na còraichean sin a chur an gnìomh ann an dòigh iomchaidh agus gabhail ris na dleastanasan a tha nan cois. Tha mi a' sealltainn spèis do chòraichean dhaoine eile. HWB 1-09a
- Tha mi a' tuigsinn gu bheil an co-mheasgachadh fhèin de chomasan agus de fheuman aig gach neach fa leth. Tha mi a' cuideachadh mo choimhearsnachd sgoile gu bhith a' cur luach air gach neach fa leth agus gu bhith a' cur fàilte air na h-uile. HWB 1-10a

Amasan Ionnsachaidh

- Gun ionnsaich clann mun deidhinn fhèin, na tha gan dèanamh gun shamhail agus mu bhun-bheachd iomadachd.
- Gun ionnsaich clann na thathar a' ciallachadh leis an teirm ciorramachd

Slatan-tomhais Soirbheachaidh

- Bidh mi a' sealltainn spèis do dhaoine eile.
- Tha mi a' tuigsinn gu bheil pàiste le ciorram na phàiste an toiseach.

NOT: Tha cuideam an seo air ciorram. Bidh clann anns a' chlas le ciorram. Bidh cuid mothachail air mar sin, agus is dòcha nach bi cuid eile mothachail no nach eil an cànan aca airson a mhìneachadh. Faodaidh buill teaghlach le ciorram a bhith aig clann cuideachd. Bidh cuid deònach bruidhinn mu dheidhinn 's bidh cuid nach bi. Mar as àbhaist, èist ris an eòlas agus na beachdan aca, a bharrachd air prìobhaideachd pàiste nach eil airson bruidhinn air a' chùis.

Goireasan-taic

Slaighdean PowerPoint

Filmichean rim faighinn tro na ceanglaichean.

Learning Resource // All content is intended for educational purposes. For further information see www.rshp.scot // August 2019

- Luke <https://attitudelive.com/watch/Kids-with-Disabilities-Luke>
- What's up with Nick? <https://researchautism.org/resources/kit-for-kids/>
- Winnie <https://attitudelive.com/watch/Kids-with-Disabilities-Winnie>

Ma tha sibh an dùil làrach-lìn mar YouTube a chleachdadh, cuiribh a' bhidio air dòigh ro-làimh, dèanaibh cinnteach gur e am film ceart a th' ann agus leumaibh seachad air na sanasan.

Obair

1. Tòisich le bhith a' dol thairis air na tha a' chlann air a bhith ag ionnsachadh mu bhith coltach, aocoltach agus gun shamhail. Mìnich dhan chlas/bhuidheann gu bheil iad gu bhith ag ionnsachadh an-diugh mu chiorramachd; tha iad a' dèanamh seo bhon a tha sinn uile gun shamhail. Cleachd na slaighdean PowerPoint:

Tha chiorramachd a' ciallachadh gu bheil neach ga fhaighinn doirbh (no do-dhèanta) coiseachd, faicinn, bruidhinn, ionnsachadh no rudan cudromach eile a dhèanamh. Faodaidh chiorram a bhith air neach ga bhreith, no faodaidh e bhith orra air sgàth tinneas no tubaist.

Dèan measadh air tuigse agus freagair ceistean sam bith.

2. Cleachd an ath 2 shlaighd agus bruidhinn mun deidhinn, a' dèanamh measadh air tuigse no a' freagairt cheistean mar a tha thu a' dol air adhart. (slaighdean le dealbhan)

Tha chiorram air mòran dhaoine.

'S dòcha gu bheil chiorram ort fhèin no air cuideigin san teaghlach agad.

Uaireannan chì thu gu bheil chiorram air neach, mar eisimpleir ma tha iad a' cleachdadh cathair-cuibhle.

Uaireannan chan fhaic thu gu bheil chiorram air neach, me, 's dòcha gu bheil neach bodhar no gu bheil autism orra.

Faodaidh chiorram a bhith a' bualadh air do bhodhaig, no faodaidh e bhith a' bualadh air mar a bhios tu ag ionnsachadh no a' tuigsinn an t-saoghail mun cuairt

3. Mìnich gu bheil sibh a' dol a choimhead fhilmichean an-diugh, agus gur e a' chiad rud gum bi a' chlann a' tachairt ri Luke a tha 9 bliadhna a dh'aois agus air a bheil Downs Syndrome <https://attitudelive.com/watch/Kids-with-Disabilities-Luke> Às dèidh dhuibh am film a choimhead, faigh beachdan no ceistean bhon chloinn.
4. Inns dhan chloinn gu bheil iad a-nis a' dol a choimhead cartùn mu bhalach air a bheil Nick. Tha autism air Nick agus tha a charaidean gus a bhith a' bruidhinn air sa chartùn seo. **What's up with Nick?** <https://researchautism.org/resources/kit-for-kids/>
'S dòcha gum bi beachdan no ceistean aig a' chloinn, ach seo ceistean a dh'fhaodadh sibh fhaighneachd: *Dè ur beachd air an stòiridh ud? Dè am beachd a bh' aig an nighinn air Nick an toiseach? Ciamar a fhuair na h-igheanan eòlas air Nick?*
5. Cuir an cuimhne na cloinne gu bheil iad air a bhith a' bruidhinn mu chiorramachd. Cleachd an ath 2 slaighd agus bruidhinn mun deidhinn, a' dèanamh measadh air tuigse no a' freagairt cheistean fhad 's a th sibh a' dol tro na prìomh phuingeann seo.

Mar as trice tha fios aig daoine chiorramach ciamar a tha sin a' bualadh orra, agus mar as trice thèid aca air na rudan a nì daoine eile a dhèanamh. 'S dòcha gum bi iad a' dèanamh rudan ann an diofar dhòighean ge-tà.

Ma tha thu a' smaoinichadh gu bheil cuideigin chiorramach feumach air cuideachadh a' dèanamh rudeigin, faighnich dhaibh an toiseach.

Tha e ceart gu leòr ceistean modhail fhaighneachd mu chiorramachd neach.

Chan eil e ceart gu leòr aig àm bith a bhith mosach ri cuideigin air sgàth chiorramachd.

Brosnaich ceistean agus còmhradh.

6. Faighnich a bheil a' chlann ag iarraidh tachairt ri pàiste eile? Tha Winnie 9 bliadhna a dh'aois agus tha Cerebral Palsy oirre. <https://attitudelive.com/watch/Kids-with-Disabilities-Winnie>. A-rithist às dèidh dhuibh am film a choimhead, faigh beachdan no ceistean bhon chloinn.
7. Cuir crìoch le bhith a' toirt taing dhan chloinn airson deagh chòmhradh san t-seisean leis an t-slaighd mu dheireadh: Sa chlas seo tha sinn uile fa leth, eadar-dhealaichte, gun shamhail agus sònraichte.

Beachdan eile

Bruidhinn mu na Geamannan Paroilimpigeach agus mar a tha iad air beachdan mu chiorramachd atharrachadh: <https://www.bbc.co.uk/newsround/23462775>

Leabhraichean airson an leabharlainn no airson buidhnean beaga (faic cuideachd an liosta leughaidh dhan chiad ìre):

- *My Friend Isabelle* le Eliza Woloson agus Bryan Gough far an tachair clann òg ri caractar air a bheil Downs Syndrome.
- *We'll paint the Octopus Red* le Stephanie Stuve-Bodin mu phiuthar bheag ùr.
- Tuilleadh ghoireasan on fheadhainn a rinn *What's Up With Nick* an seo: <https://researchautism.org/resources/kit-for-kids/>

Ceangal ris an dachaigh

'S dòcha gum bi an teacsa seo feumail airson ionnsachadh a cheangal ris an dachaigh:

Tha sinn air a bhith a' smaoinichadh mu, agus a' bruidhinn, air chiorramachd. Chaidh seo a mhìneachadh dhan chloinn: **Tha chiorramachd a' ciallachadh gu bheil neach ga fhaighinn doirbh (no do-dhèanta) coiseachd, faicinn, bruidhinn, ionnsachadh no rudan cudromach eile a dhèanamh. Faodaidh chiorram a bhith air neach ga bhreith, no faodaidh e bhith orra air sgàth tinneas no tubaist.**

Bidh sinn ag ionnsachadh agus a' bruidhinn mu chiorramachd oir tha sinn airson gum bi an sgoil agus an clas againn nan àiteachan far am bi fàilte ron h-uile pàiste, far am bi iad ag ionnsachadh agus far am bi caraidean aca. Choimhead sinn filmichean goirid a chuidich le n-ionnsachadh. Seo dhuibh na ceanglaichean. 'S dòcha gum biodh ur pàiste deònach an coimhead a-rithist còmhla ribh.

- Tha **Winnie** 9 agus tha Cerebral Palsy oirre <https://attitudelive.com/watch/Kids-with-Disabilities-Winnie>
- Tha **Luke** 9 agus tha Downs Syndrome air <https://attitudelive.com/watch/Kids-with-Disabilities-Luke>
- Tha **What's up with Nick?** mu bhalach le autism <https://researchautism.org/resources/kit-for-kids/>

Tha goireasan RSHP eile air a' chuspair Coltas, iomadachd agus spèis rim faighinn

Tha mise gun shamhail: M' fhèin-phortraid

We are similar and different

Balaich agus Nigheanan

Eile-sheòrsach, Leasbach, Gèidh agus Dà-sheòrsach

Notaichean tidseir

